


STORYWORLDS



# Tabitha anns a' bhaile mhòr



Tony Langham • Lynne Willey

SANDBANK PR.  
SANDBANK

# Tabitha anns a' bhaile mhòr



An teaca Tony Langham  
Na dealbhan Lynne Willey  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill



Tabitha anns a' bhaile mhòr

STÒRLANN • ACAIR

## Caibideil 1

'S e cat iongantach a bha ann an Tabitha.

Bu toil leatha a bhith a' siubhal o àite

gu àite.

Bu toil leatha a bhith a' faicinn àiteachan

ùra agus daoine ùra.

Latha bha siud chaidh Tabitha air plèana,

gun fhios do dhuine, agus ràinig i

New York.



'S e soidhne mòr a' chiad rud a chunnaic  
Tabitha nuair a ràinig i Ameireaga.

Bha sgrìobhadh mòr air, 'Fàilte gu  
New York'.


Cha robh Tabitha cinnteach dè a' chiad  
rud a dhèanadh i.


Bha uiread ri fhaicinn ann an New York.

Co-dhiù, dh'fhalbh i a choimhead.

'S e baile glè glè mhòr a bha ann an New York.  
Bha mòran thogalaichean àrda ann,  
togalaichean uabhasach àrd, sràidean làn  
chàraichean, daoine, busaichean agus  
tagsaidhean.

Bha fuaim ann a bha uabhasach! Cha robh  
fios aig Tabitha dè an taobh a rachadh i.





'S ann a chunnaic Tabitha daoine  
a' dol sìos streapadan.  
Lean i iad. Chaidh i sìos, sìos, sìos.

An sin aig bonn an t-streapadain bha  
ùrlar mòr farsaing agus tunail fada  
dorcha. Bha tòrr dhaoine a' feitheamh  
air an ùrlar.  
Bha an t-àite ud a' còrdadh ri Tabitha,  
oir bha e sàmhach, sìtheil.  
Laigh i sìos fo shuidheachan agus thuit i  
na cadal.





Dhùisg Tabitha gu h-aithghearr le boc!  
Bha fuaim uabhasach àrd ann agus  
rudeigin a' tighinn a-mach às an tunail.  
Chlisg Tabitha leis an eagal. Cha do  
dh'fhuirich i a dh'fhaicinn cò às a bha am  
fuaim a' tighinn.  
Ruith i aig peilear a beatha air ais sìos an  
tunail agus suas an streapadan.  
Suas, suas, suas leatha.




8



Gun stad airson sealltainn an robh dad  
a' tighinn, ruith i mach air an t-sràid.  
SGR-EU-EU-CH!  
Theab tagsaidh mòr buidhe ruith thairis  
oirre.  
“Amadain cait!” dh'èigh an dràibhear.  
Chùm Tabitha oirre a' ruith gus an do  
ràinig i taobh thall na sràide.  
An sin chunnaic i pàirc le soidhne mòr.

9

Bha e cus na bu shàmhhaiche sa phàirc.  
Bha raoin de dh'fheur gorm agus pailteas  
fhlùraichean ann. Shuidh Tabitha  
shuas air balla a' coimhead nan  
daoine a' dol seachad.  
Bha daoine ann a' ruith, daoine  
air baidhsagalan, daoine  
a' cluich ceòl agus fiù daoine ri làmh-  
chleasachd. Bha feadhainn eile a' suidhe  
air an fheur ag ithe an ceapairean.  
Bhuail an t-acras Tabitha.  
Bha i gu tolladh!





Dìreach an uair sin chunnaic Tabitha nighean bheag. Bha i na suidhe ri taobh a màthar air beinge, agus bha doile-phiollag aice. Bha an nighean ag ithe ceapaire. Bha Tabitha an dòchas gum faigheadh i fhèin bìdeag dhen cheapaire.

Mar sin chaidh Tabitha a-null agus shuidh i faisg air an nighean bheag. Choimhead i suas oirre le sùilean acrach. Thug an nighean bheag sùil air Tabitha. “Halo puiseag,” arsa ise. “Miau,” thuirt an cat. Rinn an nighean bheag gàire. “An cuala sibh siud, a Mhamaidh?” ars an nighean. “Thuirt an cat seo ‘halò’ rium an-dràsta.” “Glè mhath,” ars a màthair, ach cha do thog i a sùilean far an leabhair.







Chomhead Eilidh air Tabitha.

“An còrdadh bìdeag dhem cheapaire riut?” dh’fhaighnich i.

“Miau,” ars an cat.

Shad Eilidh bìdeag ceapaire gu Tabitha agus dh’ith i e gu sgiobalta. An uair sin thug Eilidh bìdeagan eile dhi agus dh’ith i iad uile. Cha b’ fhada gus an robh an ceapaire air ithe gu lèir.



Sheas màthair Eilidh agus thuir i,  
“Tugainn, Eilidh. Tha an t-àm againn a dhol dhachaigh.”

“Am feum sinn?” ars Eilidh.

Ach bha a màthair a’ coiseachd air falbh mu thràth agus b’ fheudar dha Eilidh falbh cuideachd. Bha Tabitha a’ coimhead brònach. Bha i cho measail air an nighinn bhig. An sin thug Tabitha an aire dhan doile-phiollag. Bha Eilidh air a fàgail air a’ bheinge.

Leum Tabitha suas,  
rug i air an doile na beul agus ruith i às dèidh na h-ìghne.



## Caibideil 2

Nuair a ràinig Tabitha geata na pàirce, chunnaic i an nighean bheag agus a màthair a' dol air bòrd bus. Ruith i às an dèidh cho luath ris a' ghaoith. Leum i air muin càr agus an uair sin air mullach a' bhus.

Thòisich am bus a' falbh sìos an t-sràid.



Nach e Tabitha a bha air a dòigh a' suidhe air mullach a' bhus!



Cha robh dòigh na b' fheàrr ann airson faicinn mu chuairt New York.

Anns a' bhus, chuimhnich Eilidh air rudeigin.

“Ò, a Mhamaidh! Dh'fhàg mi mo dhoile-phiollag anns a' phàirc,” thuirt i, agus thòisich i a' rànaich.

“Coma leat, a ghràidh,” ars a màthair.

“Gheibh sinn tèile.”

Ach bha Eilidh ag iarraidh na doile aice fhèin.





Cha b' fhada gus an do stad am bus agus thàinig Eilidh agus a màthair dheth agus choisich iad sìos an t-sràid. Leum Tabitha sìos o mhullach a' bhus agus ruith i às an dèidh. Chunnaic i iad a' dol suas steapaichean agus a' dol a-steach do thaigh àrd. Stad Tabitha an sin. Bha i a' smaoinichadh air dòigh airson faighinn a-steach dhan taigh.

Choisich Tabitha gu ceann na sràide agus chaidh i mu chuairt cùl nan taighean. Lorg i taigh Eilidh agus shreap i suas na steapaichean-teine.



Sheall i a-steach air a' chiad uinneig. Cha robh Eilidh an sin.



Sheall i a-steach air an dara uinneig. Bha Eilidh an sin na suidhe, glè bhrònach, air an leabaidh.




“Miau,” arsa Tabitha cho cruaidh  
's a b' urrainn dhi.

Thionndaidh Eilidh. Cha b' urrainn  
dhi a chreidsinn.

Dh'fhosgail i an uinneag, leum Tabitha  
sìos air an leabaidh agus thug i an  
doile-phiollag dha Eilidh.

“Ò, tapadh leatsa,” ars Eilidh.

“S e fìor chat glic a th' annad!”





Dìreach an uair sin thàinig màthair Eilidh a-steach dhan rùm.

Chunnaic i Eilidh leis an doile-phiollag. “Ciamar a fhuair thu an doile air ais?” dh’fhaighnich i.

“Lean an cat a bha sa phàirc sinn agus thug i thugam an doile.”

“Dè an cat?” dh’fhaighnich màthair Eilidh.

“An cat ud,” ars Eilidh. Ach cho luath ’s a thionndaidh i, cha robh sgeul air a’ chat.



'S ann a bha Tabitha air ais air an  
t-sràid air mullach tagsaidh – fear de  
thagsaidhean buidhe New York.  
Bha i air falbh a shiubhal a-rithist.  
Cha robh i a' fuireach fada an àite sam  
bith oir 's e cat falbhain a bha innte.



Foillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghlam agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD MELBOURNE AUCKLAND  
IBADAN JOHANNESBURG BLANTYRE GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO

© Tony Langham 1997

A' chiad fhoillseachadh 1997  
A' chiad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2005

A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004, 2003  
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte  
air MRG. Na còraichean uile glèidhte. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

**Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatainn**  
Gheibhear clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatainn.

Tha Tony Langham a' dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a chomharrachadh  
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 614 7